

## Gillean Ghleann Dail

Iain Dubh Dhòmhnail nan Òran (John MacLeod)


♩. = 64



'Ill - ean òg - a tap - aidh tha 'n Gleann Dail ag èir - igh suas, tha



cuid dhuibh a tha deòn - ach air bhur lòn thoirt bharr a' chuain; nis



èist - ibh ris an òr - an rinn Mac - Leòid a chuir a' chuairt, 's bi



cuimhn' ag - aibh an còmhn-aidh air 'n àm seòl - adh mach à Cluaidh.

Íllean òga tapaidh an Gleann Dail ag èirigh suas  
Tha cuid dhuibh a tha deònach air bhur lòn thoirt bharr a' chuain  
Nis èistibh ris an òran rinn MacLeòid a chuir a' chuairt  
'S bi cuimhn' agaibh an còmhnaidh air 'n àm seòladh mach à Cluaidh.

Nuair thèid thu òg 's tu aineolach a-mach air long nan seòl  
Bidh cùisean dhut glè annasach gum faithnich aithnich thu gach ròp;  
Gur tric a thèid do mhionnachadh 's do sgrios an iomadh dòigh  
Gun dirich thu na cruinn aice cho aotrom ris na h-eòin.

Nuair dh'fhagas tu am fearann seo is d'aghaidh air cuan mòr,  
A' ghrian gach là a teannadh ort, bheir fallas as'd an deò;  
Ged bhiodh an teas gad sgaradh mar is tric a thachair dhòmhs'  
Gun tomhaisear do chuid uisge dhut, do bhriosgaidean is d'fheòil.

Nuair theid thu do na h-Innsean, 's null do Shìne fada thall  
Bheir companaich air tìr thu chuireas innleachd na do cheann,  
Bidh mòran do thoil-inntinn ann, 's na chì thu 'n taigh an danns'  
'S cha dhuin' thu gu'n teid sprìdh chuir ort le fideagan de'n dram.

Nuair dh'èireas stoirm le cabhaig ort 's an fhairg ag at na glinn  
Na tonnan uaine chlisgeas tu a' bristeadh mu do dhruim  
Gu slatan àrda cuirear thu ged a bhitheadh tu car tinn  
Gur tric riut fhèin a chanas tu, 'Bu mhath a bhith air tìr.'

Chaidh mi tro gach àmhghair anns gach ceàrn tha fò na neòil  
Cha b' urrainn dhaibh mo bhàthadh, cha robh rathad aca no dòigh

Ach nan robh leth a-nochd agam 's a chuir mi anns an òl  
Gum faodainn suidhe socair am Pollaosgan rè mo bheò.